

Plana Gnothachais spòrsalba 2026/27

Spòrs fad beatha

sportscotland
the national agency for sport

spòrsalba
am prìomh bhuidheann
nàiseanta airson spòrs

RO-RÀDH

Tha ar plana gnothachais a' toirt iomradh air mar a libhrigeas sinn ar ro-innleachd chorpóra, Spòrs Fad Beatha¹, ann an 2026-27. Tha e a' daingneachadh nan gealltanasan a tha sinn air a chur romhainn airson na bliadhna ri teachd a dh'ionnsaigh Alba a tha gnìomhach, far a bheil gach neach a' faotainn buannachd à spòrs agus sluagh Alba a' faighinn a' mhathais as fheàrr às an t-siostam spòrs.

Tro Spòrs Fad Beatha, tha sinn airson meudachadh fhaicinn anns an àireamh agus an iomadachd de dhaoine **a' com-pàirteachadh, ag adhartachadh** agus **a' coileanadh** ann an spòrs.

Anns a' phlana seo tha cinn-uidhe 2026-27, na h-àrd-amasan a tha sinn airson a choileanadh, na h-atharrachaidhean bu mhath leinn a dhèanamh agus an suidheachadh teachdail a tha sinn airson fhaicinn; air an taobh a-muigh agus an taobh a-staigh. Tha an gluasad sa chànan a dh'aon ghnothaich, a dh'ionnsaigh modh-obrach cuimsichte air buil às leth planadh agus luachadh buaidh.

Leanaidh sinn agus tomhasaidh sinn soirbheachadh tro aithris ràitheil air an taobh a-staigh mu chlachan-mìle chinn-uidhe agus luachadh ràitheil is bliadhnail air buaidh ar cinn-uidhe. Nar modh-obrach a thaobh rannsachadh agus luachadh, nì sinn sgrùdadh breithneachail air comharran co-ionannachd, iomadachd, agus in-ghabhail (EDI) gus dèanamh cinnteach gu bheil in-ghabhail dha-rìribh aig teis-meadhain gach nì a tha sinn a' dèanamh.

Glacaidh ar n-Aithisg Bhliadhnail buaidh na h-obrach againn aig ìre ro-innleachd chorpóra, a' taisbeanadh adhartas a dh'ionnsaigh libhrigeadh air ar builean Spòrs Fad Beatha.

¹ [Spòrs Fad Beatha \(làrach-lìn sportscotland\)](#)

FACAL-TOISICH

Bu mhath leam smaoinichadh gur e bliadhna bhrosnachail a th' anns a h-uile bliadhna airson spòrs ann an Alba - ach tha e doirbh gun co-dhùnadh gu bheil 2026 gu h-àraid sònraichte.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri Geamannan a' Cho-fhlaitheis, le cuid de na lùth-chleasaichean as fheàrr air an t-saoghal a' tighinn a Ghlaschu a dh'fharpais airson àite miannaichte air àrd-ùrlar nam bonn.

Agus cuideachd, airson a' chiad uair ann an 28 bliadhna, bidh sgioba ball-coise nàiseanta na h-Alba a' farpais aig Cupa na Cruinne air taobh eile a' Chuain Shiar, a' leantainn air an oidhche anabharrach sin san t-Samhain nuair a bharantaich Alba agus fhuair ar nàisean spionnadh às ùr. A' cur ris an t-Samhradh iongantach de Spòrs romhainn, tha sgioba criogaid mhnathan na h-Alba air barantachadh airson Cupa Cruinne T20 Mhnathan ICC - mòmaid cloich-mhìle do ghèam nam ban ann an Alba.

Is e aon de na buannachdan mòra an lùib nan tachartasan spòrs mhìorbhaileach seo, an dòigh sa bheil iad a' cuideachadh leis a leithid de dhaoine air feadh na dùthcha a bhrosnachadh gu a dhol a-mach agus fàs gnìomhach iad fhèin - a' cuideachadh le an sunnd àrdachadh agus coimhearsnachdan a neartachadh. Tha am brosnachadh sin air a thoirt beò gach latha nar clubaichean, buidhnean coimhearsnachd, agus goireasan ionadail, far am bi pàirt riatanach aig saor-thoilich ann an cruthachadh àrainneachdan fàilteach is in-ghabhalach do gach aois agus comas. Tha an dìcheall-san cho cudromach do spòrs Alba, agus tha sinn dealasach a thaobh taic a thoirt dhaibh agus do na com-pàirtichean còmhla ris a bheil iad ag obair.

Aig toiseach na bliadhna spòrs àibheiseach seo, chuir sinn fàilte air an £40 millean a bharrachd a dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba gus tasgadh ann an siostam spòrs na h-Alba.

Tha tasgadh de £18 millean timcheall air an iomairt Samhradh de Spòrs, dealbhaichte airson com-pàirteachadh ann am boil Gheamannan a' Cho-fhlaitheis agus Cupa na Cruinne, air ceadachadh dhuinn obrachadh còmhla ri ùghdarrasan ionadail, urrasan chur-seachadan agus càch, gus cuideachadh leis na ceudan de thachartasan an-asgaidh a chur air dòigh sna mìosan a tha ri teachd. Tha am modh-obrach co-obrachail seo a' nochdadh ar creideis gu bheil obair com-pàirteachais bunaiteach do libhrigeadh air buaidh mhaireannach bhrìoghmor.

Tha fios againn gu bheil a' bhliadhna 2026-27 a' toirt cothrom air leth ceangailte le ùine dhuinn agus sin an t-adhbhar a tha sinn air gealltanais ro-innleachdail a thoirt a thaobh buaidh an tasgaidh air a' mhaoineachaidh a bharrachd seo, a thoirt chun na h-ìre as àirde. Tha ar plana gnothachais a' cuimseachadh air mar a libhrigeas sinn ar ro-innleachd chorporra, Spòrs Fad Beatha, a' cuideachadh le dèanamh cinnteach gum faod gach neach buannachd fhaotainn à spòrs agus gnìomhachd chorporra. Tha seo a' gabhail a-steach

neartachadh air an àite dheàtamach a tha aig spòrs nar clubaichean is coimhearsnachdan is com-pàirtichean taic, a tha a' roinn ar n-àrd-amas air ruigsinneachd agus com-pàirt a leudachadh.

Bha prìomh thachartas eile ann am mìosachan Alba am-bliadhna ann an cruth taghadh Thaigh an Ròid, agus mar a bhios pàrtaidhean poilitigeach a' deasbad am planaichean airson ath-leasachadh air an roinn phoblaich, tha e deatamach gun lean an ath Riaghaltas Alba a' cur taic ris an fheum air seirbheisean èifeachdach is amalaichte far a bheil cothrom aig gach neach agus gach coimhearsnachd air soirbheachadh.

Tha ar dealas leantainneach a thaobh in-ghabhail agus dèiligeadh ri gràin-cinnidh is neo-ionannachd cinnidh ann an spòrs, air fhoghe a-steach nar ro-innleachd Spòrs Fad Beatha, leis ar planaichean air comharran co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhail (EDI) a sgrùdadh gu breithneachail, a' cuideachadh le dèanamh cinnteach gu bheil iad aig teis-meadhain gach nì a tha sinn a' dèanamh.

Tha sinn dealasach cuideachd a thaobh comasachd didseatach is dàta fad-amail a neartachadh, gar cuideachadh le innealan a leasachadh 's a chleachdadh nach bi a-mhàin a' cur taic ri co-dhùnaidhean tasgaidh èifeachdach ach cuideachd gar comasachadh air am buaidh a thaisbeanadh.

Mar a leanas sinn air adhart a' faotainn tlachd às a' bhliadhna bhrosnachail seo de spòrs ann an Alba, tha plana gnothachais **spòrs**alba ag amas air dèanamh cinnteach gum fuirich a bhuanachdan còmhla rinn airson mòran bhliadhnaichean ri teachd - le taic bho chom-pàirteachasan làidir, saor-thoilich bhrosnachail agus creideas co-roinnte ann am buannachdan spòrs.

Forbes Dunlop

Àrd-Oifigear, spòrsalba

Prìomh chinn-uidhe air an taobh a-muigh

Tha a' bhliadhna 2026-27 a' toirt dhuinn chothroman air leth ceangailte le ùine gu:

- 1.** Buaidh £18m de mhaoineachadh a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba a thasgadh chun na h-ìre as àirde ann an com-pàirtichean ionadail is nàiseanta san t-siostam spòrs, le taic bho riaghladh, sgrùdadh agus luachadh làidir.
- 2.** An cothrom air leth a tha 2026 a' toirt seachad tro Gheamannan a' Cho-fhlaitheis 2026 Ghlaschu agus Cupa Cruinne FIFA 2026 a mheudachadh gu làn-ìre, gus an nàisean aonachadh tro spòrs agus buaidh spòrs taobh a-staigh choimhearsnachdan ionadail a chomharrachadh tro shamhradh de dh'iomairt phrògraman spòrs ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba agus com-pàirtichean ionadail is nàiseanta.

3. Gealltanais teann fhaotainn bho ùghdarrasan ionadail uile airson aontaidhean ùra com-pàirteachais ceithir-bliadhna, a tha a' dèanamh cinnteach à lìbhrigeadh air prìomhachasan ionadail is nàiseanta san àm ri teachd airson spòrs is gnìomhachd chorporra, agus air an cumail suas.
4. Ar tasgadh ann am Buidhnean Riaghlaidh na h-Alba a mheudachadh, gus an cuideachadh le thighinn gu bhith nam buidhnean nas làidire agus nas seasmhaiche, agus barrachd tasgaidh is taic a stiùireadh ann an spòrs cluba is coimhearsnachd agus slighean leasachaidh lùth-chleasaichean, co-thaobhaichte ri ar prìomhachasan buidheannail.
5. Ath-sgrùdadh farsaing air siostam ioma-chuimseach a ghabhail os làimh a thaobh coidseadh ann an Alba gus dealbhadh air siostam coidsidh in-ghabhalach fhiosrachadh agus a stiùireadh, a tha a' comasachadh dhaoine air com-pàirteachadh, adhartas agus coileanadh ann an spòrs.

Prìomh chinn-uidhe taic

Gus taic a chur ri lìbhrigeadh air ar prìomh chinn-uidhe air an taobh a-muigh agus ar n-àrd-amasan ro-innleachdail fad-amail, tha sinn cuideachd an geall air na h-àrd-amasan a leanas:


1. Tha buileachadh air siostam tasgaidh ùr a' toirt furastachadh air pròiseasan, le barrachd fèin-ghluasad agus nas lugha oifigealachd do chom-pàirtichean.
2. Buileachadh air ar frèam-obrach an aghaidh gràin-cinnidh agus fighe a-steach air prionnsapalan is cleachdadh, a' solarachadh ceannardas so-dhearbhte ann an dèiligeadh ri gràin-cinnidh san roinn spòrs.
3. Tasgadh is co-dhùnaidhean misneachail agus stiùirichte le dàta tarsainn an t-siostaim spòrs a chomasachadh, tro leantainneachd saidhbeir is gnothachais neartaichte, comasachdan dàta is didseatach ùraichte, agus lìbhrigeadh èifeachdach air prògram is pròiseact.
4. Bidh ath-ùrachadh air frèam-obrach sgrùdaidh is luachaidh agus ùrachadh air Frèam-obrach Tomhas Coileanaidh, na fhianais air buaidh thasgaidhean meudaichte agus a' solarachadh in-sheallaidhean is ionnsachadh co-roinneil is sgèileachail.
5. Tha prìomhachasan gnàth-shìde is seasmhachd air am fighe a-steach do agus tarsainn **spòrs**alba gu ro-innleachdail agus gu h-obrachail.
6. Tha deòin, com-pàirt agus sunnd luchd-obrach air an neartachadh tro bhuileachadh air stiùireadh coileanaidh agus pròiseas measaidh, a tha a' tuigsinn choileanaidhean agus a' cur taic ri leasachadh fa leth leantainneach. Tha seo a' solarachadh frèam-obrach seasmhach a tha a' cur taic ri dùilean soilleir, ais-fhiosrachadh agus leasachadh cunbhalach.
7. Bidh buileachadh air modh-obrach chonaltraidhean is com-pàirt làidir, a' togail mothachadh do luach agus buannachdan spòrs.

CO-THEACSA RO-INNLEACHDAIL

Is e Spòrs Fad Beatha ar prìomh stiùir ro-innleachdail. Tha seo a' sealltainn mar a tha sinn a' cur ri Frèam-obrach Gnìomhachd Choporra airson Slàinte² (PAHF). Tha am Frèam-obrach seo a' cur aig a' cheann thall ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta na h-Alba³. Tha stiùireadh⁴ ro-innleachdail ar Ministear a' fiosrachadh ar libhrigidh.

An Siostam Spòrs

Tha an diagram siostam spòrs a' taisbeanadh mar a tha na co-phàirtean uile ag obair còmhla gus daoine a chuideachadh gu pàirt a ghabhail ann an spòrs agus gnìomhachd choporra ann an trì àrainneachdan:



Ann an Spòrs Fad Beatha, tha comasaichean a' solarachadh comas, gabhaltachd agus ceannardas an t-siostaim a tha riatanach gus àrainneachdan àrd-chàileachd is in-ghabhalach a chruthachadh, far am faod daoine a bhith com-pàirteach, ag adhartachadh agus a' soirbheachadh tro spòrs fad am beatha.

² [Gnìomhachd choporra airson slàinte: frèam-obrach - gov.scot](https://www.gov.scot/topics/physical-activity/physical-activity-framework)

³ [Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta - gov.scot](https://www.gov.scot/topics/physical-activity/national-coaching-framework)

⁴ [Litir Stiùiridh Ro-innleachdail 2023-26 \(ùrachadh san amharc 2026\)](#)

Com-pàirtichean

Tha an roinn spòrs an eisimeil chom-pàirtichean a bhith a' roinn an ùine, an ealantas agus an tasgaidh. Le bhith ag obair còmhla, is urrainn dhuinn uile planadh nas fheàrr, a bhith nas èifeachdaiche agus labhairt le guth coitcheann. Tha feum againn air ceanglaichean làidir agus amalachas tarsainn àrainneachdan. Cuimsichidh sinn ar n-ùine air luach a chur ri com-pàirtichean Tha ar taic stèidhichte air feumalachdan chom-pàirtichean agus dealas co-roinnte a thaobh in-ghabhail agus seasmhachd àrainneachdail.

Tha com-pàirtichean a' gabhail a-steach:

- **Com-pàirtichean ionadail** (m.e. ùghdarrasan ionadail, urrasan chur-seachadan, sgoiltean, colaistean is oilthighean)
- **Buidhnean Riaghlaidh na h-Alba** (SGBan)
- **Com-pàirtichean nàiseanta** (m.e. Enable, Spòrs Ciorramachd na h-Alba (SDS), Gnìomh Alba do Shlàinte Inntinn (SAMH), Spòrs RA)

Prògraman

Tha sinn airson gum bi cothroman sàbhailte, in-ghabhalach agus càileachdail aig daoine airson com-pàirteachadh, adhartachadh agus coileanadh ann an spòrs is gnìomhachd chorpóra. Tha sinn a' cur taic ri agus a' tasgadh ann an àrainneachdan gus seo a libhrigeadh.

Daoine

Tha spòrs an urra ri daoine cuideachail ann an dreuchdan pàighte agus saor-thoileach. Tha sinn airson nan àireamhan fhaicinn a' fàs agus barrachd iomadachd, bho choidsichean is fastaichean gu stiùirichean is luchd-rianachd. Tha sinn a' sireadh choidsichean is oifigich sgileil agus misneachail gus feumalachdan raon eadar-mheasgte de chom-pàirtichean a choileanadh. Tha sinn airson ceannardas aig gach ìre de spòrs fhaicinn agus barrachd bhoireannaich is nigheanan ann an dreuchdan a tha an sàs ann co-dhùnaidhean.

Tha daoine òga a' dèanamh tabhartas cho luachmhor taobh a-staigh a' chomainn shòisealta, agus tha sinn airson ar pàirt a choileanadh ann an dèanamh cinnteach gu bheil guth aig daoine òga ann an co-dhùnaidhean, air am misneachadh gu bhith nan stiùirichean agus air am brosnachadh gu ballrachd a gabhail san sgioba-obrach spòrs.

Tha fios againn gu bheil spòrs an eisimeil àireamhan mòra de shaor-thoilich. Tha sinn airson nam bacaidhean air obair shaor-thoileach a lùghdachadh agus an àireamh de shaor-thoilich fhàs a tha an sàs ann an spòrs ann an Alba.

Àiteachan

Tha àiteachan is làraichean fìor mhath ann an Alba do dhaoine a bhith com-pàirteach ann an spòrs agus gnìomhachd chorpóra aig an ìre a ròghnaicheas iad.

Sa phlana seo tha sinn a' cuimseachadh air goireasan spòrs ionadail, sgèireil agus nàiseanta ann an Alba. Tha an oighreachd seo a' fàs aosta le feum air tasgadh cudromach gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coileanadh fheumalachdan dhaoine agus gan comasachadh air com-pàirt a ghabhail, adhartachadh agus coileanadh ann an spòrs agus gnìomhachd corporra.

Tha sealbhadairean agus gnìomharaichean a' cothachadh ri dùbhlain ghoireasan a tha cudromach. Tha cosgaisean a thaobh cumail suas, ath-ùrachadh agus bun-structar a leasachadh, a' meudachadh. Tha targaidean càrboin neoini lom agus oidhirpean air dèiligeadh ri atharrachadh gnàth-shìde a' cur ris an uallach.

EAGRACHADH AGUS LÌBHRIGEADH AR N-OB AIR DO 2026-27

Tha ar plana gnothachais agus ar pròiseas planaidh air a rèiteachadh gus taic a chur ri mar a bhios sinn a' conaltradh ri luchd-ùidhe, nàdar ar n-obair, gnìomhachd tar-eagrachail agus a' ghnìomhachd a' coimhead a-steach a tha a' cur taic ri ar n-amasan lìbhrigidh. Le seo a dhèanamh, tha sinn air ar n-obair a leasachadh agus a fhrèamadh air seachd raointean planaidh a tha air an toirt bho thrì àrainneachdan, aon chomasaiche, dà ionad nàiseanta agus ceithir roinnean seirbheis chorpóra, gu bhith na aon 'buidheann làidir' singilte.

- ▶ Clubaichean is Comataidhean
- ▶ Sgoiltean is Foghlam
- ▶ Spòrs Coileanadh
- ▶ Àiteachan
- ▶ Loidse a' Ghlinne Mhòir is Seirbheis Fiosrachaidh Maoim-sneachda na h-Alba
- ▶ Ionad Nàiseanta Inbhir Chluaidh
- ▶ Buidheann Seasmhach

Tha an co-theacsa a thaobh mar a tha gach raon planaidh a' cur taic ri lìbhrigeadh air Spòrs Fad Beatha agus cinn-uidhe bhliadhnail 2026-27, air am mìneachadh do gach aon. Tha na cinn-uidhe bhliadhnail gu h-ìosal a' faotainn taic bho gnìomhachd àbhaisteach agus cùisean lìbhrigidh a tha a' cumadh ar gnìomhachdan gnothachais chunbhalach.

Clubaichean is Coimhearsnachdan

Stiùiridh agus neartaichidh sinn spòrs cluba is coimhearsnachd le bhith ga chur aig cridhe choimhearsnachdan ionadail, a' cruthachadh àrainneachdan in-ghabhalach a tha a' comasachadh dhaoine gu com-pàirt, adhartas agus coileanadh. Tro thasgadh co-obrachail le Buidhnean Riaghlaidh Alba (SGBan) agus com-pàirtichean, neartaichidh sinn slighean tarsainn an t-siostaim, agus comas, càileachd is iomadachd na sgioba-obrach is saor-thoilich a thogail, a tha aig cridhe siostam spòrs làidir.

Cinn-uidhe bliadhna

1. Tha sruthan-obrach bho ath-sgrùdadh a' chlubha is coimhearsnachd air an co-dhealbhadh agus air am buileachadh le com-pàirtichean ionadail agus nàiseanta.
2. Tha SGBan, còmhla ri com-pàirtichean ionadail agus nàiseanta, air an cumhachdachadh agus a' faotainn taic gus clubaichean is Ionadan Spòrs Coimhearsnachd làidir, seasmhach, sàbhailte agus in-ghabhalach a leasachadh.
3. Tha oifigearan, coidsichean, oifigich, agus saor-thoilich phroifeiseanta air an comasachadh agus a' faotainn taic gus eòlasan àrd-chàileachd a libhrigeadh do dhaoine fa leth taobh a-staigh spòrs cluba is coimhearsnachd.
4. Tha SGBan air an cumhachdachadh gus a dhèanamh comasach do dhaoine com-pàirteachadh, adhartachadh agus coileanadh tro mhodh-obrach tasgaidh co-dhealbhaichte.
5. Tha SGBan air an cumhachdachadh agus a' faotainn taic gu bhith nam buidhnean làidir, seasmhach, sàbhailte, agus in-ghabhalach, le riaghladh agus rianachd èifeachdach.
6. Tha SGBan air an cumhachdachadh agus a' faotainn taic gus spòrs soirbheachail a thogail agus a leasachadh agus daoine a chomasachadh gu com-pàirteachadh, adhartachadh agus coileanadh.
7. Tha am modh cruinn-eòlasach ga stèidheachadh, a' comasachadh Ùghdarrasan Ionadail, SGBan, com-pàirtichean ionadail agus nàiseanta, a bhith co-cheangailte nas fheàrr agus le taic airson obrachadh còmhla gus spòrs a libhrigeadh gu h-ionadail.
8. Tha luchd-obrach **spòrs** alba agus com-pàirtichean ionadail is nàiseanta air an cumhachdachadh agus a' faotainn taic gus co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhail fhighe a-steach taobh a-staigh am prìomh raointean / prògraman obrach.

Sgoiltean is Foghlam

Bidh sinn a' gnìomhadh gu co-obrachail le com-pàirtichean ionadail, nàiseanta agus foghlaim gus planadh agus tasgadh ann an cothroman a tha a' comasachadh dhaoine anns na coimhearsnachdan ionadail gu com-pàirt a ghabhail agus adhartachadh ann an spòrs. Le bhith a' solarachadh eòlasan spòrs dèimhinneach tarsainn sgoiltean, colaistean agus oilthighean, togaidh sinn comas agus misneachd agus cruthaichidh sinn slighean soilleir bho shuidheachaidhean foghlaim gu spòrs cluba agus coimhearsnachd.

Cinn-uidhe bliadhna

1. Tha ar prògraman ann an sgoiltean agus foghlam a' leantainn gu àireamh agus iomadachd mheudaichte chloinne is dhaoine òga, a tha a' com-pàirteachadh agus ag adhartachadh ann an spòrs.
2. Tha builean soilleir aig Sgoiltean Gnìomhach, modail maoinachaidh ùraichte, agus a' cur gu dearbhach ri modh-obrach sgoile a thaobh spòrs.
3. Tha àite cudromach aig Colaistean is Oilthighean an lùib an t-siostaim spòrs, a' cur ealantas ris agus a' solarachadh àrd-ùrlar do dh'oileanaich gus com-pàirt a ghabhail ann an stiùireadh agus libhrigeadh spòrs.
4. Tha nigheanan a' faotainn taic le stiùireadh agus com-pàirt ann an spòrs is gnìomhachd chorporra, a' leantainn gu meudachadh ann an com-pàirt.
5. Tha SGBan agus com-pàirtichean nas fharsainge soilleir mu an dreuchd agus an tabhartas do chlàr-obrach spòrs na sgoile agus a' cur taic ris an àireamh de chlann agus de dhaoine òga a' com-pàirteachadh 's ag adhartachadh ann an spòrs.
6. Tha planadh chom-pàirtichean ionadail agus tasgadh co-thaobhaichte le prìomhachasan ionadail agus nàiseanta, a' leantainn gu leasachaidhean siostamach agus meudachadh ann an daoine a' faighinn cothrom air spòrs chàileachdail agus gnìomhachd chorporra ionadail.
7. Tha stiùirichean, luchd-obrach, daoine òga agus luchd-libhrigidh a' faotainn taic le buaidh a thoirt agus eòlasan spòrs chàileachdail a leasachadh agus a libhrigeadh do chlann agus do dhaoine òga.

Spòrs Gnìomhaidh

Stiùiridh sinn an t-siostam spòrs Albannach agus cuiridh sinn ri siostam gnìomhaidh soirbheachail na RA le bhith a' tasgadh ann agus a' cur taic ri spòrs gnìomhaidh ann an Alba. Ag obair le com-pàirtichean, comasaichidh sinn àrainneachdan leasachadh gnìomhaidh a tha ruigsinneach, in-ghabhalach, agus seasmhach agus a tha aig teis-meadhan adhartas is coileanadh, fhad 's a thathar a' cuideachadh dhaoine gu ciall agus adhbhar a lorg tro shireadh soirbheachais air an àrd-ùrlar chruinneil, ann an dòighean a tha a' cur ri sunnd pearsanta is coitcheann agus a' brosnachadh nàisean.

Cinn-uidhe bliadhna

1. Tha Sgioba Alba anns an t-suidheachadh as fheàrr airson soirbheachadh aig Geamannan a' Cho-fhlaitheis 2026 Ghlaschu.
2. Tha builean adhartais is coileanaidh a' faotainn taic tarsainn spòrs a tha airidh, tro mhodh tasgaidh ùr (tasgadh SGB agus taic stuthail).

3. An siostam taic àrdachadh do choidsichean agus do choidseadh le SGBan airson nan àrainneachdan leasachaidh as fheàrr do lùth-chleasaichean.
4. Tha siostam taic air a stèidheachadh le SGBan gus cleachdadh proifeiseanta àrd-èifeachdach a dhèanamh comasach ann an slighean agus luchd-obrach gnìomhaidh.
5. Tha ealantas agus goireasan bho cho-obrachaidhean targaidte air an co-thaobhachadh gus taic a chur ris na slighean agus feumalachdan gnìomhaidh an t-siostaim spòrs.
6. Tha ar luchd-obrach a' faotainn taic gus an comasan a leasachadh agus tha iad air am fastadh gus feumalachdan làithreach agus feumalachdan a' tighinn am bàrr, a choileanadh.

Àiteachan

Comasaichidh sinn com-pàirt ann an spòrs agus gnìomhachd chorpóra le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig daoine air na h-àiteachan agus na làraichean ceart gus taic a chur ri Alba ghnìomhach. Tro thasgadh agus ceannardas ro-innleachdail, obraichidh sinn le com-pàirtichean ionadail is nàiseanta airson oighreachd spòrs ruigsinneach, in-ghabhalach agus sheasmhach a phlanadh, a leasachadh agus a chumail suas, a' cleachdadh comhairle agus stiùireadh eòlach gus buaidh a thoirt air co-dhùnadh èifeachdach.

Cinn-uidhe bliadhnail

1. Tha com-pàirtichean an sàs anns na prìomh thoraidhean bhon ath-sgrùdadh air an oighreachd ghoireasan spòrs, agus tha argamaid ga cur air adhart airson tasgadh a bharrachd fad-amail san oighreachd.
2. Tha com-pàirtichean ionadail agus nàiseanta dealasach a thaobh modh-obrach nas ro-innleachdail agus nas amalaichte a thaobh planadh airson àiteachan do spòrs.
3. Tha poileasaidh spàsail agus molaidhean leasachaidh a' leantainn air adhart a' dìon agus ag adhartachadh àiteachan airson spòrs.
4. Tha sealbhadairean, gnìomharaichean, agus dealbhaichean a' faotainn taic le comhairle, stiùireadh agus taic gus dèanamh cinnteach gu bheil na goireasan freagarrach agus a' coinneachadh feumalachdan spòrs.
5. Tha barrachd is barrachd dhaoine ioma-dhòigheach a' faotainn taic gus com-pàirteachadh, adhartachadh, agus coileanadh ann an spòrs. tro thasgadh meudaichte ann am pròiseactan calpa a tha a' cuimseachadh air pròiseactan bho chlubaichean is bho bhuidhnean coimhearsnachd.

Ionadan Nàiseanta

Comasaichidh sinn com-pàirt, adhartas agus coileanadh tarsainn siostam spòrs Alba, le bhith a' solarachadh àrainneachdan sàbhailte, in-ghabhalach, agus ruigsinneach, a tha a' cur taic ri spòrs gnìomhaidh, foghlam, clubaichean, coimhearsnachdan agus com-pàirt air a' bhlàr a-muigh. Mar mhaoinean nàiseanta, bheir ar n-ionadan com-pàirtichean còmhla gus spòrs a phlanadh, a leasachadh agus a libhrigeadh, a' roinn ealantas speisealta, fiosrachadh agus ceannardas, agus ag àrdachadh luach poblach is buaidh fad-amail tro ghoireasan seasmhach air an deagh ruith.

Loidse a' Ghlinne Mhòir (a' gabhail a-steach Seirbheis Fiosrachaidh Maoim-sneachda na h-Alba)

Cinn-uidhe bliadhna

1. Tha com-pàirtichean SGB an sàs ann an ath-sgrùdadh air taic agus tabhartas an Ionaid Nàiseanta gus taic a mheudachadh do chlàran-obrach EDI, Clubaichean is Coimhearsnachdan, taobh a-staigh spòrs air a' bhlàr a-muigh agus spòrs dàn-thuras.
2. Tha trusadh soirbheachail air oidean ùra a' dèanamh sgioba-obrach trèanaidh sheasmhach le fulangas fad-amail gus àrainneachdan sàbhailte, in-ghabhalach agus ealantas roinne, a sholarachadh.
3. Tha an ath-sgrùdadh air sgioba-obrach SAIS agus air a' mhodail libhrigidh seirbheis, a' leantainn gu seirbheis a tha èifeachdach ann an cosgais, leantaileach agus seasmhach, a' cruthachadh ro-innleachdan ùra airson leasachadh fad-amail gus feumalachdan chom-pàirtichean geamhraidh a choinneachadh.
4. Tha siostaman gnothachais didseatach neartaichte a' cur taic ri feumalachdan margaideachd dhidseatach agus feumalachdan fàs a' ghnothachais.
5. Tha seasmhachd ionmhasail agus libhrigeadh sa-bhliadhna a' faotainn taic bho chothaobhadh siostaim airson riarachadh calpa, glèidheadh planaichte bliadhna, agus planadh obrachail làidir.

Ionad Nàiseanta Inbhir Chluaidh

Cinn-uidhe bliadhna

1. Tha co-dhùnaidhean fiosraichte mu mhaoineachadh calpa bho LTA agus **spòrs**alba air an comasachadh tro leasachadh air cùis gnothachais mhionaideach airson teanas a-staigh aig Ionad Nàiseanta Inbhir Chluaidh.
2. Tha seasmhachd ionmhasail fad-amaill a' faotainn làn-taic bho chalpa prìomhaichte agus plana seasmhach a leasaicheas suidheachadh maoin agus a lùghdaicheas cunnart.
3. Tha an t-Ionad na àite sàbhailte do luchd-obrach, cunnradairan agus luchd-tadhail, le siostaman leabaichte, cunntachalachd shoilleir, agus barantachd làidir.
4. Tha eòlas chustamairean, comasachd aithris agus èifeachdas obrachail, air an neartachadh le siostam stiùiridh chur-seachadan a tha làn fhighte a-steach.
5. Tha faicsinneachd an ionaid agus mar sin cleachdadh an ionaid, air am meudachadh tarsainn prìomh roinnean, le taic bho mhodhan com-pàirt, conaltraidh is margaideachd shoilleir.

Cur taic ri lìbhrigeadh: buidheann làidir

Tha sinn dealasach a thaobh siostam spòrs a thogail a tha àrd-ghnìomhach, in-ghabhalach, dàta-comasaichte agus seasmhach gu h-ionmhasail, a tha a' leasachadh dhaoine, a' neartachadh chom-pàirtichean, a' cumhachdachadh stiùirichean òga agus ag ath-nuadhachadh mar a tha sinn ag obair. Bidh seo a' dèanamh cinnteach gu bheil **spòrs**alba san t-suidheachadh as fheàrr airson buaidh a mheudachadh gu làn-ìre agus ar gealltanasan don t-siostam spòrs a lìbhrigeadh.

Anns gach raon planaidh air an taobh a-staigh gu h-ìosal, tha sinn air gabhail ris na cinn-uidhe a leanas a thuilleadh air gnìomhan cunbhalach gach roinn.

Conaltraidhean is Poileasaidh

Cinn-uidhe bliadhna

1. Meudaichidh sinn mothachadh do shamhradh cudromach de spòrs le lìbhrigeadh air iomairt PR agus margaideachd, a tha ag adhartachadh an t-samhraidh spòrs agus tasgadh meudaichte, a' calpachadh air Cupa na Cruinne FIFA 2026 agus Geamannan a' Cho-fhlaitheis 2026 Ghlaschu.
2. Tha cultar de cheanglaichean sgioba nas làidire, co-obrachadh leasaichte, agus dàimhean is cultar nas fheàrr, gan leasachadh tro ro-innleachd chonaltraidhean làidir air an taobh a-staigh, a' gabhail a-steach tachartas luchd-obrach a-mhàin uile.

3. Aithne do **spòrsalba** fhàs agus ìomhaigh spòrs a thogail tarsainn a' chruth-tìre phoilitigeach gus dèanamh cinnteach à cunbhalachd agus co-òrdanachadh ann an teachdaireachd bhon roinn spòrs gu an riaghaltas agus luchd-poilitigs.
4. Tha tabhartas agus buaidh **spòrsalba** air Geamannan a' Cho-fhlaitheis Ghlaschu 2026 (lùth-chleasaichean, clubaichean, coimhearsnachdan agus goireasan) agus solarachadh shlighean, air an aithneachadh gu farsaing.

Cultar, Tàlant is Obrachaidhean

Cinn-uidhe bliadhnail

1. Tha poileasaidhean agus cleachdaidhean **spòrsalba** nua-aimsireil, cunbhalach, agus a' cruthachadh eòlas do chosnaichean a tha cothromach, gèilleach agus àrd-chàileachdail.
2. Tha comasachd stiùiridh làidir agus cunbhalach tarsainn a' bhuidhinn, a' dèanamh cinnteach à ceannardas èifeachdach, àrd-ghnìomhadh, agus lìbhrigeadh air prìomhachasan a' bhuidhinn.
3. Tha an sgioba-obrach co-thaobhaichte ri ro-innleachd agus uidheamaichte mu choinneamh fheumalachdan an ama ri teachd, tro ath-sgrùdadh a tha a' sireadh ri ar daoine, dreuchdan, agus sgilean a thuigsinn agus ath-nuadhachadh.
4. Tha àite-obrach sùbailte agus rèidh don àm ri teachd, ag àrdachadh eòlas chosnaichean, a' toirt a' phiseach as àirde air ar n-àrainneachd obrach chorporra, agus a' fighe seasmhachd a-steach do gach taobh de ar n-obair.

Dàta is Didseatach

Cinn-uidhe bliadhnail

1. Leantainn air adhart a' neartachadh fulangas buidheannail **spòrsalba** tro leasachaidhean leantainneach air seasmhachd saidhbeir agus rèiteachaidhean leantalachd gnothachais.
2. Lìbhrigeadh cruth-atharrachadh didseatach tro phrògram ionadachaidh air siostaman gnothachais, a' toirt a-steach chomasachdan àrdaichte tarsainn èifeachdas, dàta, gèilleadh agus seasmhachd bhuidheannail.
3. Neartachadh comasachd didseatach is dàta fad-amail **spòrsalba** le bhith a' leabachadh an sgilean, pròiseasan, àrd-ùrlaran agus innealan (a' gabhail a-steach AI) air a bheil feum gus taic a chur ri riaghladh earbsach, mion-sgrùdadh, agus co-dhùnidhean misneachail air an stiùireadh le dàta.
4. Cur taic ris an t-siostam spòrs le bhith a' leasachadh agus a' cleachdadh innealan a tha a' comasachadh cho-dhùnidhean tasgaidh èifeachdach agus a' taisbeanadh buaidh an tasgaidh sin tro dhàta.

5. Dèanamh cinnteach à gèilleadh do dhleastanasan reachdail buidheannail le bhith a' neartachadh dìon dàta, Saorsa Fiosrachaidh, agus riaghladh ghearanan, fhad 's a thathar a' leasachadh seasmhachd tro ath-sgrùdadh pròiseis agus piseachadh gus cunnart a lùghdachadh agus èifeachdas a mheudachadh.
6. Neartachadh planadh prògraim is pròiseict, riaghladh agus libhrigeadh tro bhuileachadh cunbhalach air Oifis Stiùiridh Pròiseict (PMO).

Ionmhas is Planadh Gnothachais

Cinn-uidhe bliadhnail

1. Tha am maoinachadh a bharrachd de £18m làn-amalaichte ann am buidseatan a' bhuidhinn, riaghladh agus aithris, a' comasachadh cunntachalachd shoilleir, sgrùdadh amail, agus barantachd èifeachdach tron bhliadhna.
2. Siostam agus pròiseasan ùra tasgaidh air am buileachadh gu soirbheachail agus fighte a-steach ann an dòighean obrach don Sgioba Tasgaidh Amalaichte agus tarsainn a' bhuidhinn, airson èifeachdas pròiseis (a-staigh agus a-muigh) agus comas-cleachdaidh air fiosrachadh stiùiridh.
3. Modail goireasachaidh seasmhach air a bhuileachadh agus pròiseasan ionmhais ath-sgrùdaichte a tha a' leasachadh èifeachdais, a' lùghdachadh mhearachdan agus a' solarachadh aithris agus smachd cunbhalach is àrd-chàileachdail.
4. Meud, loidhne-tìm agus an riaghladh riatanach gus buileachadh furasta air an t-siostam ùr ionmhais aontaichte a libhrigeadh, a' comasachadh eadar-ghluasad fo smachd agus a' cumail sìos aimhreit.
5. Planadh gnothachais agus pròiseas aithris thomhasaichte air am buileachadh agus fighte a-steach tarsainn a' bhuidhinn, a tha a' leasachadh co-thaobhadh ro-innleachdail, a' cur taic ri stiùireadh gnìomhaidh, a' sgrùdadh adhartas agus a' cur às do / a' lùghdachadh cruthachadh air aithisg gun luach.
6. Tha ro-innleachd rannsachaidh, sgrùdaidh agus luachaidh a' solarachadh modh-obrach cothromaichte agus cunbhalach, a bheir taic do shruthan tasgaidh ùra agus feum buidheannail leantainneach.

DÒIGH STIÙIRIDH AGUS AITHRIS AIR A' PHLANA SEO

Tha an diagram seo a' taisbeanadh mar a tha ar planaichean obrach a' ceangal ri ar plana gnothachais, ro-innleachd chorporra, agus co-theacsa ro-innleachdail, agus mar a tha sinn ag aithris air adhartas.

FRÈAM-OBACH GNÌOMHAIDH NÀISEANTA			
FRÈAM-OBACH GNÌOMHACHD CHORPORRA IS SLÀINTE			
Barrachd Dhaoine, Nas Gnìomhaiche, Nas Trice			
Siostaman Gnìomhach	Àiteachan Ionnsachaidh Gnìomhach	Siubhal Gnìomhach	Àiteachan is Farsaingeachd Gnìomhach
Slàinte Ghnìomhach is Cùram Sòisealta	Spòrs is Cur-seachad Gnìomhach	Conaltradh Gnìomhach	Àiteachan-obrach Gnìomhach
<p>RO-INNLEACHD CHORPORRA (Spòrs Fad Beatha)</p> <p>Ar lèirsinn do dh'Alba ghnìomhach, far a bheil buannachd bho spòrs aig gach neach.</p>	<p>RÙN: Sluagh Alba a chuideachadh gu a' bhuannachd as fheàrr fhaotainn às an t-siostam spòrs</p> <p>PRIONNSAPALAN: In-ghabhalach, Cunntachail, Freagairteach, Pearsa-cuimsichte, Co-obrachail, Ìre Chruinneil</p> <p>BUILEAN: Com-pàirt, Adhartas is Coileanadh</p> <p>IN-GHABHAIL: Tha ar gealltanais a thaobh in-ghabhail aig teis-meadhain gach nì a tha sinn a' dèanamh.</p>		Aithisg Bhliadhnail
<p>PLANADH BLIADHNAIL CHINN-UIDHE</p> <p>Na h-àrd-amasan bliadhnail is prìomh ghnìomhachdan a ghabhas sinn os làimh</p>	<p>Na cinn-uidhe a stèidhich sinn airson coileanadh sa bhliadhna ri teachd a thaobh Clubaichean is Coimhearsnachdan, Sgoiltean is Foghlam, Spòrs Gnìomhaidh, Àiteachan, Loidse a' Ghlinne Mhòir, Ionad Nàiseanta Inbhir Chluaidh agus Buidheann Làidir</p> <p>Planadh gnìomhachd is aithris cloich-mhìle do gach ceann-uidhe bliadhnail</p>		Aithris Ràitheil
<p>PLANAICHEAN OBACH BLIADHNAIL</p> <p>Na bhios daoine fa leth a' dèanamh agus an diofar a nì iad</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Planaichean-obrach sgioba • Amasan fa leth • Amasan ionnsachaidh pearsanta • Fianais air prionnsapalan builean giùlain 		Aithris ìre-sgioba Ath-sgrùdaidhean Leasachaidh Gnìomhadh

TRACADH AR N-ADHARTAIS FHAD-AMAIL

Tha Frèam-obrach Tomhas Gnìomhaidh **spòrs**alba air a chleachdadh gus ar n-adhartas a thomhas a dh'ionnsaigh ar builean ro-innleachdail. Gus cunbhalachd aithris adhartachadh agus gluasadan a sgrùdadh tarsainn mòran chuirtean, tha ar tommasan ro-innleachdail stèidhichte a' fuireach seasmhach san fharsaingeachd bho aon bhliadhna gu an ath bhliadhna.

Buil	Comharra
Com-pàirteachadh Cia mheud neach a tha sinn a' ruighinn?	% de dhaoine a' com-pàirteachadh ann an spòrs air feadh Alba
	Com-pàirtichean iomlan nar prògraman
	Com-pàirtichean Sgoiltean Gnìomhach
	Com-pàirtichean Cholaistean Gnìomhach
	Buill Cluba Cluiche SGB
	Com-pàirt san Ionad Nàiseanta
Adhartas Cia mheud neach a tha aig gach ìre den t-slighe?	Lùth-chleasaichean air slighean gnìomhaidh SGB
	Lùth-chleasaichean le taic SIS
Coileanadh Ciamar a tha sinn a' coileanadh air an àrd-ùrlar chruinneil?	Lùth-chleasaichean air prògraman gnìomhaidh na RA
	Buinn
In-ghabhail Tha in-ghabhail aig teis-mreadhain gach nì a tha sinn a' dèanamh.	Iomadachd ar com-pàirtichean

Co-thaobhaichte le modh-obrach **spòrs**alba a thaobh tasgadh agus co-dhùnaidhean stiùirichte le dàta, leasaichidh sinn ar gnìomhachd sgrùdaidh is luachaidh barrachd gus ar modh-obrach a thaobh fianais buaidh a neartachadh. Mar a tha glacte taobh a-staigh ar cinn-uidhe taic, nì sinn feum den chothrom air leth a tha 2026/27 a' toirt dhuinn gus ar Frèam-obrach Tomhas Gnìomhaidh ro-innleachdail ath-ùrachadh airson dèanamh cinnteach gum fuirich e ròghnach, leis a' mhaoineachadh tasgaidh chudromach a bharrachd a tha a' sruthadh tro **spòrs**alba bho 2026/27 agus air adhart.

Tha cinn-uidhe bliadhnaile gan tracadh agus gan sgrùdadh tro aithris ràitheil air clachan-mìle. Tha soirbheachadh chinn-uidhe air a thomhas tro shreath de chomharran a cheadaicheas dhuinn soirbheachadh agus buaidh gach ceann-uidhe bliadhnaile a sgrùdadh.